

An t-Alt

Cuir an t-alt ceart còmhla ri na h-ainmearan a leanas.

Faodaidh tu obrachadh còmhla ri cuideigin eile ma thogras tu.

(f = fireann b = boireann)

Aran	f	-----
Abhainn	b	-----
Baile	f	-----
Breug	b	-----
Cladach	f	-----
Coille	b	-----
Astar	f	-----
Banais	b	-----
Caileag	b	-----
Dualchas	f	-----
Eun	f	-----
Isean	f	-----
Iolaire	b	-----
Faoileag	b	-----
Piseag	b	-----
Seinn	b	-----
Uallach	f	-----
Uidheam	b	-----
Leughadair	f	-----
Madainn	b	-----

An Tuiseal Roimhearach

Roimhearan sìmplidh agus ainmearan fireann

Cuir Gàidhlig air na leanas.

Faodaidh tu obrachadh còmhla ri cuideigin eile ma thogras tu.

On the bread -----

In the river -----

At the worship (adhradh) -----

In the army -----

On the tail -----

In the sky -----

With the fish -----

Through the clothes -----

With the father -----

Before the speech -----

Roimhearan sìmplidh agus ainmearan boireann

At the window -----

With the kitten -----

In the singing -----

On the street -----

With the freedom -----

On the chain (sèine) -----

To the girl -----

With the hissing (siosarnaich) -----

Through the cherry -----

Under the rock -----

An Tuiseal Roimhearach

Cuir an cruth ceart dhen ainmear dhan bheàrn.

Faodaidh tu obrachadh còmhla ri cuideigin eile ma thogras tu.

(Tha na h-ainmearan sna camagan fireann.)

Tha mi aig _____	an t-seachdain-sa.	(An t-Alltan)
Bha dealbhan air _____.		(Am balla)
Cha robh armachd aig _____.		(An saighdear)
Ghabh sinn buntàta còmhla ris _____.		(An t-iasg)
Tha colbh Ghàidhlig anns _____	Disathairne.	(An t-Albannach)
Bha a' chlann a' cluich anns _____.		(An sneachd)
Tha measan anns _____	air a' bhòrd,	(An soitheach)
Tha itean geala air _____.		(An t-eun)
Tha geòla aig _____.		(An t-iasgair)
Tha òrain gu leòr aig _____.		(An seinneadair)

(An seo tha na h-ainmearan sna camagan boireann.)

Tha cùirtearan dorcha ris _____.		(An uinneag)
Chunnaic mi rudan neònach anns _____.		(An aisling)
Chuala mi na h-eòin anns _____.		(A' chraobh)
Chaidh Neil Armstrong dhan _____.		(A' ghealach)
Feuch nach tèid do losgadh anns _____.		(A' ghrian)
Choisich sinn air _____.		(A' ghainmheach)
Tha itean geala air _____.		(An fhaoileag)
Tha lot air _____.		(A' chas)
Tha fàinne air _____.		(A' chorrage)
Tha бага aice na (ann a) _____.		(An làmh)

Quiz Deireadh an Latha

Comharraich co-dhiù tha na leanas ceart no ceàrr.

Tha ainmean bheathaichean òga mar as trice fireann.

Tha ainmearan a' crìochnachadh le "-as" mar as trice fireann.

Tha boireannach fireann.

Tha ainmean dhùthchannan mar as trice boireann.

Tha ainmean a' crìochnachadh le "-achd" mar as trice boireann.

Tha ainmean a' crìochnachadh le "-as" mar as trice boireann.

A bheil an t-alt ceart còmhla ri na h-ainmearan a leanas?

Comharraich an fheadhainn a tha **ceàrr**.

Chan eil an t-airgead cho pailt san latha a th' ann.

Tha an eilean seo glè mhòr.

Tha an t-saoghal a' sìor fhàs beag.

Tha an cladach gu math fiadhaich aig tuath.

Tha a' gheamhradh fada agus fuar.

Tha an fhear seo nas motha.

Cuir loidhne fon fhreagairt **cheart.**

Chan aithne dhomh an loidhne mu dheireadh dhen t-salm/dhen salm sin.

Tha mi a' dol a dhèanamh cùrsa anns an t-Sabhal/an Sabhal an ath-bhliadhna.

Chan eil aon dealbh air am balla/a' bhalla.

Bha an t-iasgair na sheasamh air a' chreig/a' chreag.

Theab mi tuiteam leis a' chabhag/a' chabhaig.

'S e càise as motha a tha sa ghealach/ghealaich.

An Tuiseal Ginideach

(Gun alt)

Cuir an cruth ceart air an dara ainmear.

me cluas + cat = cluas cait

Faodaidh tu obrachadh còmhla ri cuideigin eile ma thogras tu.

(Tha an dara ainmear an-còmhnaidh fireann ann an Earrann A.)

Earrann A

Fiodh + cladach =

Balla + taigh =

Ceann + botal =

Obair + balach =

Luach + airgead =

Fàinne + òr =

Adhbhar + eagal =

Doras + sgoil =

Truinnsear + cù =

Pàirc + each =

Agus ma tha thu uabhasach sunndach, no air d' athais, feuch iad seo!

Feansa + fiadh =

Cuilean + ròn =

Lus + gàrradh =

Leabhar + sgoilear =

Iuchair + carbad =

Cuir an cruth ceart air an dara ainmear.

me cluas + piseag = cluas piseig

Faodaidh tu obrachadh còmhla ri cuideigin eile ma thogras tu.

(Tha an dara ainmear an-còmhnaidh fireann ann an Earrann B.)

Earrann B

Mullach	+ beinn	=	-----
Bobhla	+ min	=	-----
Gath	+ grian	=	-----
Cultar	+ sgian	=	-----
Slis	+ feòil	=	-----
Boinne	+ fuil	=	-----
Laogh	+ bò	=	-----
Brògan	+ nighean	=	-----
Pian	+ cas	=	-----
Grèim	+ cluas	=	-----

Agus ma tha thu uabhasach sunndach, no air d' athais, feuch iad seo!

Sàil	+ bròg	=	-----
Fasgadh	+ creag	=	-----
Ugh	+ cearc	=	-----
Geugan	+ craobh	=	-----
Sgiathan	+ eala	=	-----

Gnàthasan-cainnt:

Nuair a bhios clann agad, bidh boinne fala nad bheul mun deidhinn gu bràth.

Agus ma nì thu a' chùis air a h-uile duine eile, nì thu falach-cuain orra!

An Tuiseal Ginideach

(Le alt)

Cuir an cruth ceart air na leanas.

me the cat's ear: a' chluas + an cat = cluas a' chait

Faodaidh tu obrachadh còmhla ri cuideigin eile ma thogras tu.

(Tha an dara ainmear an-còmhnaidh fireann ann an Earrann A.)

The wood of the shore:	am fiodh	+ an cladach	=	-----
The wall of the house:	am balla	+ an taigh	=	-----
The top of the bottle:	an ceann	+ am botal	=	-----
The boy's work:	an obair	+ balach	=	-----
The money's worth:	an luach	+ an t-airgead	=	-----
The gleaming of the gold:	an deàrrsadh	+ an t-òr	=	-----
The reason for (of) the fear:	an t-adhbhar	+ an t-eagal	=	-----
The door of the school:	an doras	+ an sgoil	=	-----
The dog's plate:	an truinnsear	+ an cù	=	-----
The park of the horse:	a' phàirc	+ an t-each	=	-----

Agus ma tha thu uabhasach sunndach, no air d' athais, feuch iad seo!

The deer fence:	an fheansa	+ am fiadh	=	-----
The seal pup:	an cuilean	+ an ròn	=	-----
The garden vegetables:	na lusan	+ an gàrradh	=	-----
The pupil's book:	an leabhar	+ an sgoilear	=	-----
The key of the vehicle:	an iuchair	+ an carbad	=	-----

An Tuiseal Ginideach

(Le alt)

Cuir an cruth ceart air na leanas.

me a' chluas + a' phiseag = cluas na piseig

Faodaidh tu obrachadh còmhla ri cuideigin eile ma thogras tu.

(Tha an dara ainmear an-còmhnaidh fireann ann an Earrann B.)

Earrann B

Am mullach + a' bheinn =

Am bobhla + a' mhin =

An gath + a' ghrian =

An cultar + an sgian =

An t-slis + an feòil =

Am boinne + an fhuil =

An laogh + a' bhò =

Na brògan + an nighean =

Am pian + a' chas =

An grèim + a' chluas =

Agus ma tha thu uabhasach sunndach, no air d' athais, feuch iad seo!

An t-sàil + a' bhròg =

Am fasgadh + a' chreag =

An t-ugh + a' chearc =

Na geugan + a' chraobh =

Na sgiathan + an eala =

An Tuiseal Ginideach

Cuir an cruth ceart dhen tuiseal ghinideach taobh a-staigh nan camagan.

Faodaidh tu obrachadh còmhla ri cuideigin eile ma thogras tu.

Tha na h-ainmearan a tha a dhìth ann an Earrann A fireann.

Earrann A

Bha ceann (an rathad/an rathaid) mu mhìle air falbh.

Bha luchd-obrach (an ospadal/an ospadail) mì-thoilichte mu phrìs (a' bhiadh/a' bhìdh).

Chan eil tiogaidean (a' chèilidh/an cèilidh) ro dhaor idir.

Tha dìth (a' chadail/a' chadal) gam fhàgail sgìth.

Bha uinneag (an doras/an dorais) air sgàineadh.

Bhris gob (a' phinn/a' pheann).

Chunnaic am poileas lorgan (a' mhèirleach/a' mhèirlich) san t-sneachd.

Thug toradh (an rannsachaidh/an rannsachadh) misneachd dhuinn.

Fhuair muinntir (an eilean/eilein) naidheachd mhath an-diugh.

Bhuail a' chlach mi an clàr (an aodann/aodainn).

Agus an t-side, ma tha thu airson leantainn ort!

Tha coltas (an t-uisge/an uisge) oirre an-diugh.

Tha fuachd (an sneachda/an t-sneachda) oirre.

Tha coltas (an turadh/an turaidh) oirre oir tha i a' tanachadh san iar.

'S e coltas (an reothaidh/an reothadh) a th' air an adhar a-nochd.

Chuir fuaim (an tàirneanach/an tàirneanaich eagal air a' chloinn.

An Tuiseal Ginideach

Cuir an cruth ceart dhen tuiseal ghinideach taobh a-staigh nan camagan.

Faodaidh tu obrachadh còmhla ri cuideigin eile ma thogras tu.

Tha na h-ainmearan a tha a dhìth ann an Earrann B boireann.

Earrann B

Bha an dìreadh cas gu mullach (a' bheinn/na beinne).

Chunnaic sinn na bradain aig beul (na h-abhainn/na h-aibhne).

Feumaidh sinn an aire a thoirt air uidheamachd (an sgoil/na sgoile).

Leòn mi cùl (mo chas/mo choise) nuair a thuit mi.

Phòs nighean (mo pheathar/mo phiuthair) as t-samhradh.

Chaidh bràthair (mo mhàthair/mo mhàthar) às an rathad sa chogadh.

Rinn sinn ar slighe gun dragh ann an solas (na gealach/na gealaich).

Leag an gèile cuid de chraobhan (a' choille/na coille).

'S e ceòl (a' chlàrsaich/na clàrsaich) as fheàrr leam na ceòl (na fidheall/na fìdhle).

Tha sàmhchair (an dùthaich/na dùthcha) glè thaitneach.

Agus an t-sìde, ma tha thu airson leantainn ort!

Cha do chaidil mi ro mhath le fuaim (a' ghaoth/na gaoithe).

Tha teas (na grian/na grèine) gam shàrachadh.

Chlisg mi le brag (an stoirm/na stoirme).

Gnàthas-cainnt:

Chaidh an ceòl air feadh na fìdhle.

Sean-fhaclan:

Nàdar circe, nàdar muice is nàdar mnatha, Gabhaidh iad an dòigh fhèin.

Copyright R MacLean

Aiteamh na gaoith' a tuath, Sneachd is reothadh anns an uair.

10

Quiz a' Ghinidich

Leugh an earrann a leanas agus cuir loidhne fo gach ainmear san tuiseal ghinideach. (Tha 16 ann).

Cha do dh'aontaich Eòghann fhathast gu bheil againn air càr ùr. Tha coltas a' chàir air a bhith na thinneas dhomh o chionn fhada. Chan eil mi airson a dhol gu coinneamh nam pàrant ann an talla na sgoile gu bràth tuilleadh ann an càr le na criomagan cnàimhe mu dheireadh à beul a' choin air feadh mo chuid aodaich. Chan eil fhios 'am carson a bhios mi a' dol ann co-dhiù. Dìreach gur e seòrsa de chur-seachad a th' ann air oidhche geamhraidh, a' faighinn air falbh bho fhuachd an taighe le prìs a' chonnaidh mar a tha e. Gun ghuth air raigead a' bhodaich. Chan e gu bheil smiorcadh cèille aig cathraiche a' chomainn. 'S dòcha gur e sin as coireach gu bheil e na thagraiche airson na pàrlamaid. Ach chan urrainn dhomh sin a ràdh ris oir cha chòrdadh e ris beachd mar sin a chluinntinn bho thè le càr a tha na cheap meirge agus an dràibhear ann am mullach feirge air sgàth dìth an airgid.

Lìon na beàrnan sna h-abairtean a leanas.

'S e miann an _____ (money) freumh gach _____ (evil).

Tha miann _____ (of the cat) san tràigh ged nach toir e fhèin às e.

Mar chlach a' ruith le gleann, tha feasgar fann _____ (of autumn).

Chaidh an ceòl air feadh _____ (of the fiddle).

Ite _____ (of the speckled hen) an ciste _____ (of my grandmother).

Tha ceum _____ (of a cockerel) air an latha _____ (New Year's Day).

